

A Thighearna, èist rinn,
èist rinn na do ghràs,
agus sinn a' tionndadh dhut a' sireadh do thròcaire.
Èist rinn an-diugh,
èist ri gach guth anns an t-sluagh,
agus thoir dhuinn freagairt.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna, èist rinn,
èist rinn na do ghràs,
agus sinn a' tionndadh dhut a' sireadh do thròcaire.
Èist riuthasan a tha a' fulang,
a tha briste agus fo bhròn,
agus thoir dhaibh freagairtean.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna, èist rinn,
èist rinn na do ghràs,
agus sinn a' tionndadh dhut a' sireadh do thròcaire.
Èist ri guthan na feadhna a tha aonranach,
agus treòraich iad do choimhearsnachd do phobaill.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna, èist rinn,
èist rinn na do ghràs,
agus sinn a' tionndadh dhut a' sireadh do thròcaire.
Èist rinn an-diugh
mar a dh'èist thu ri gaoir Bhartimèuis,
agus dùisg creideamh annainn,
agus slànaich ar lotan.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.